



BRATH NAIDHEACHD
CLEACHD ANNS A BHAD

BORD NA GAIDHLIG LE TOGAIL DHA FOILLSEACHADH GÀIDHLIG

Tha dà iomairt foillseachaidh air taic chudthromach fhaotainn bho Bòrd na Gàidhlig.

A' bruidhinn aig cuirm dhuaisean Litreachais a' 100mh Mòd Nàiseanta anns an Òban, dh'ainmich ceannard Bòrd na Gàidhlig, Ailean Caimbeul, gum bheil an t-sreath ùr de leabhraichean Gàidhlig fon tiotal Ùr-Sgeul, aig Comhairle Nan Leabhraichean, a' faotainn taic £60,000 thar dà bhliadhna bhon Bhord. Theid taic de £5,000 cuideachd a thoirt dhan iris ùr ràidheil, "Gath", ma choinneamh cosgaisean stèidheachaidh.

Cuidichidh Ùr-sgeul leasachadh agus foillseachadh sgrìobhaidhean ur Gàidhlig do dh'inbhich. Cuiridh e cuideachd taic ri raon foillseachaidh Gàidhlig a tha, aig an ìre seo, gu math lag. Bheir e cuideachd misneachd dha sgrìobhadaran ùra agus dha feadhainn air a bheil sinn eòlach mu thràth. Ceadaichidh an sgeama sreath ùr do dh'inbhich a bhith air a chlà-bhualadh far am bith, co-dhiùbh, seachd tiotalan ùra (ann an cruth pàipear agus claistinneach) air am foillseachadh thar dà bhliadhna, agus bithidh farpais ann gach bliadhna airson cùmhnant eadar foillsichearan a sheallas ceangal ri, agus comas ann am foillseachadh Gàidhlig. Thèid tiotalan a thaghadh ann an co-obrachadh ri Bòrd Comhairlachaidh phròiseact, air a stèidheachadh agus ann an co-bhoinn ri Comhairle nan Leabhraichean, airson ìre na h-obrach a dhearbhadh. Thèid obair le leithidean Aonghas Pàdruiig Caimbeul agus Iain C Mac a Ghobhainn, nach deach am foillseachadh roimhe, a thoirt gu aire as ùr. Thèid modh co-chuideachd a ghabhail air taic ionmhais, a' gabhail a-steach tabhartasan bho "Factaraidh Sgrìobhaidh a' Chrannchur Nàiseanta" aig Comhairle na h-Ealain a thuilleadh air Bòrd na Gàidhlig.

Thuir cathraiche Comhairle nan Leabhraichean, an t-Ard Oll. Dòmhnall Meek, "Tha sinn a' cuir fàilte air an togail a tha seo a toirt do dh'fhoillseachadh Gàidhlig agus tha e na aithneachadh chudthromach bho Bòrd na Gàidhlig air an fheum mhòr a tha aig an raon luachmhor seo air taic. Tha gainnead ann de fhoillseachadh litreachas Gàidhlig dha inbhich ann an Alba, agus tòisichidh Ùr-sgeul air sin a cheartachadh. Tha mi air leth toilichte gun tèid an dama tiotal anns a' phròiseact seo a chur air bhog aig a' Mhod ann an seo a-màireach (Diardaoin) nuair a bheir Aonghas Pàdruiig Caimbeul thugainn an leabhar aige, "An Oidhe Mus Do Sheòl Sinn". (Chaidh a' chiad leabhar anns an t-sreath, "Ath-Aithne" le Màrtainn Mac an t-Saoir a chur air bhog aig Fèis Leabhraichean Dhùn Eideann air 24mh an Lùnasdal.)

Thuir Chris Hardie, ball de bhuidhean riochdachaidh Gath, "Tha sinn gu mòr an comain Bòrd na Gàidhlig airson taic ann a bhith a' stèidheachadh Gath. Chaidh a' chiad iris fhoillseachadh anns an Lùnasdal agus chaidh gabhail ris gu math, agus tha an obair air tòiseachadh airson an ath iris fhoillseachadh anns an Dùbhlachd. Tha Gath a sireadh beàrn mòr, a nochd ann am foillseachadh Gàidhlig nuair a sgur an ràidheachan Gairm an uiridh an deidh leth-cheud bliadhna, a lìonadh. Rinn Gairm mòran dhan a' Ghàidhlig, agus tha sinn misneachal gun snaidh Gath cumadh araid dha fhèin, agus gum bidh e mar sgathan air miannan leasachaidh na coimhearsnachd Gàidhlig anns an linn ùr."

Dh'ainmich Bòrd na Gàidhlig cuideachd gun cùm iad co-labhairt air foillseachadh Gàidhlig anns an t-Samhainn a' sireadh aonta air ro-innleachd airson foillseachadh Gàidhlig agus structar iomchaidh airson sin a thoirt air adhart. Thuir Ailean Caimbeul gum faigh poileasaidh a' Bhùird air foillseachadh iùil a co-dhùnaidhean a' cho-labhairt, ach gus am bith sin ann dh'ainmich am Bòrd taic anns an eadar-ama dhan fhoillsichear Gàidhlig "Acair", agus am pàipear-naidheachd ràidheil "An Gaidheal Ur", suas gu £10,000 an t-aon.

"Tha na co-dhùnaidhean sin a' sealltainn aithne Bòrd na Gàidhlig air cho cudthromach 's a tha foillseachadh dha Gàidhlig anns na h-ammanan a tha ri teachd. Aig an aon àm tha am Bòrd soillear gum feumar aonta air ro-innleachd co-fhillte as an roinn. Bheir an co-labhairt dhuinn cothrom deasbaid agus aontachaidh le foillsichearan Gàidhlig, air innleachd a tha sinn an dòchas a chuireas iad an gnìomh cuide rinn."

Tuilleadh fiosrachaidh bho Ailean Caimbeul 07778 476642

>>>>>



Cùl-fhiosrachadh:

Is e Buidheann Poblach Neo-Roinneil (NDPB) a tha ann am Bòrd na Gàidhlig (Alba) a tha stèidhichte le, agus cunntachail do, Mhinistearan na h-Alba. Tha am Bòrd ag amas air tabhartas na Gàidhlig do bheatha chultarail na h-Alba àrdachadh agus a chliùthachadh; taic agus brosnachadh a thoirt do chothroman ùra airson a' Ghàidhlig a chleachdadh ann an Alba; taic agus brosnachadh a thoirt do chleachdadh na Gàidhlig anns gach pàirt de bheatha na h-Alba; agus a' Ghàidhlig a neartachadh mar cànan theaghlach agus coimhearsnachd le bhith a' meudachadh àireamh luchd-labhairt agus luchd-cleachdaidh na Gàidhlig.

Tha bun laghail air a bhith aig Bòrd na Gàidhlig bhon Mhàirt 2003 agus chaidh a stèidheachadh mar fhreagairt don Bhuidheann-gnìomha Gàidhlig, Aithisg (Mhic a Phearsain) anns an t-Sultain 2000, a mhol gum bu chòir buidheann leasachaidh ùr stàiteil a chruthachadh airson na Gàidhlig. Chaidh am moladh seo a leasachadh gu Bòrd na Gàidhlig leis a' Bhuidheann Comhairleachaidh Ministreil, Aithisg (Meek), a chaidh fhoillseachadh air 22 Cèitean 2002.

Dh'innis am Ministear aig an robh uallach airson na Gàidhlig aig an àm, Micheal MacBhàtair BPA, gun robh e a' cruthachadh Bòrd na Gàidhlig aig Còmhdhail Nàiseanta Chomunn na Gàidhlig ann an Inbhir Narann air 14 Òg-mhìos 2002. Tha Bòrd na Gàidhlig air fhaicinn mar chlach-mhìle chudromach anns an t-strì gus a' Ghàidhlig ath-bheòthachadh agus a leasachadh.

Thòisich cathraiche a' Bhùird na dhreuchd air 1 Dùbhlachd 2002 agus ghabh còignear bhall eile an àite air a' Bhord air 1 Faoilleach 2003. Tha ballrachd Bòrd na Gàidhlig mar a leanas:

Mgr Donnchadh Fearghasdan (Cathraiche)
A Bh. Ph. Agnes Rennie
Mgr Boyd Robasdan
Mgr Art MacCarraig
A Bh. Ph. Rosemary Nic a' Bhàird
Ceit Anna NicLeòid

